

Aithisg Coileanaidh an Sgrùdaidh

Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

An t-Òg Mhios 2006

An Sgrùdadh

Dh'fhoillsich Luchd Sgrùdaidh Foghlaim na Bànrìghe (HMIE) aithisg air inbhean is càileachd aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu sa Chèitean 2004 an dèidh sgrùdadh na sgoile san Fhaoilleach den aon bhliadhna.

A' co-obrachadh leis an sgoil, dh'ullaich Roinn an Fhoghlaim plana gnìomha a' sealltainn mar a dheigheadh na prìomh phuingean gnìomha, comharraichte san aithisg, a choileanadh.

Tha an aithisg seo a' toirt cunntas air an adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh gus na targaidean sin a choileanadh agus tha i cuideachd a' mìneachadh leasachaidhean cudromach a chaidh a ghabhail os làimh bho àm a' chiad sgrùdadh.

Bu chòir a thoirt gu aire, an dèidh do Chomhairle Baile Ghlaschu co-dhùnadh sgoil 3-18 tro mheadhan na Gàidhlig fhosgladh sa bhaile, gun do dhùin Bunsgoil Ghàidhlig Ghlaschu san Lùnastal 2005 agus gun deach Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (3-18) a stèidheachadh aig an aon àm. Tha an aithisg seo a' toirt cunntas air gnìomhan a rinn a' Bhunsgoil is an sgoil-ionaid, An Sgoil Ghàidhlig, a tha, gu sealach, air làrach na Bunsgoile fhad 's a tha àite ùr ath-leasachadh ga ullachadh. Bidh an Sgoil Ghàidhlig ùr na h-àite ùr bhon Lùnastal 2006.

Adhartas Leantainneach

Tha an sgoil air raon leasachaidhean a chur an gnìomh airson teagasg is ionnsachadh a leasachadh.

Nam measg tha raon leasachaidhean a chaidh a ghabhail os làimh gus sgilean cànanais a leasachadh. Thathas air gabhail ris a' phrògram ùr fuaimeachaidh, "Facal agus Fuaim", chaidh stuthan a chur gu pàrantan ann am Beurla agus chaidh bùth-obrach phàrantan a chuirteachadh. Chaidh cudrom sònraichte a chur air taic dha sgoilearan gun Ghàidhlig san dachaigh (timcheall air 70% de na tha san sgoil).

Thathas air goireasan leughaidh ùr Beurla fhaighinn agus thathas a' cleachdadh stuthan *New Horizons* Ghlaschu anns na h-ìrean àrda. Chaidh taic oide fhaighinn bho Seirbheis Adhartachaidh Foghlaim gus cuideachadh a thoirt dha tidsearan ann a bhith a' cur a' phrògram an gnìomh. Tha sgoilearan air eòlas a chur air modhan teagaisg ùr agus tha iad a' dol an lùib an ionnsachaidh fhèin gu ìre nas motha mar phàirt den mhodh seo.

Tha sgoilearan Prìomh Seachd air pàirt a ghabhail sa phròiseict FLAT, a tha a' dearbhadh gu bheil a' leasachadh sgilean leughaidh is sgrìobhadh sa Ghàidhlig cuideachd gus am bi na sgoilearan nan luchd-ionnsachaidh com-pàirteachail a bhios a' sgrùdadh an cuid obrach fhèin agus a' comharrachadh roinnean a dh'fhaodar adhartachadh.

Chaidh dleastanas is obair Cuidichean Taic (PSA) ath-sgrùdadh. Tha taic air a bhith a' cuimseachadh air taic airson Labhairt is Èisteachd tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sgoilearan a' buannachadh bho barrachd cudrom ann an dleastanas PSA.

Tha goireasan ùra Matamataig bhon BhBC gan cleachdadh airson taic a chur ri cuisteanan Matamataig ann an Gàidhlig agus thathas air PSA a chur an gnìomh airson taic a thoirt dha matamataig practaigeach. A-rithist tha an cudrom air a bhith air taic dha sgilean Labhairt is Èisteachd anns na leasan sin.

Tha an sgoil air goireasan ICT fhaighinn agus chaidh trèanadh a chur air dòigh gus taic a chur ri cleachdadh goireasan. Tha cothrom a-nis aig sgoilearan air camara didseatach anns gach clas agus tha iad a' buannachadh bho meudachadh ann an àireamh SMART-boards.

Tha sgoilearan air goireasan leithid Powerpoint a chleachdadh airson taisbeanaidhean a chruthachadh agus tha iad a' filleadh ICT dhan churraicealam ann an Gàidhlig is am Beurla. Ghabh sgoilearan com-pàirt ann am prògram BT Awards 2004-05.

Tha tidsearan air com-pàirteachadh ann an trèanadh co-cheangailte ri mar a tha sgoilearan eadar-dhealaichte ag ionnsachadh. Mar thoradh air sin tha tidsearan air barrachd chothroman a thoirt dha sgoilearan uallach a ghabhail airson an ionnsachaidh fhèin. Mar eisimpleir, bha tidsearan gu cunbhalach a' roinn le sgoilearan na bhathas a' sùileachadh a dh'ionnsaicheadh iad. Tha an Ceann-sgoile is Àrd Thidsearan air sùil a chumail air na leasachaidhean sin le bhith a' tadhal air rumannan-clasa.

Chaidh prògram ùr airson Ealain is Dealbhachaidh a theagasg a thoirt a-steach thar gach ìre agus tha sgoilearan a-nis a' buannachadh bho prògram nas leantainniche na bh' aca roimhe.

Tha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' leantainn a' dèanamh cinnteach gum bi cothroman farsaing aig sgoilearan com-pàirt a ghabhail ann an tachartasan cultarail Gàidhlig. Tha sgioba an luchd-obrach ag ullachadh is a' cur sgoilearan air adhart airson raon mòr de thachartasan Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, Mòd Ionadail Ghlaschu agus Fèis Òigridh (dràma) Ghlaschu. A' cleachdadh sgilean a chaidh a leasachadh mar phàirt den phrògram chultarail san sgoil, chlàraich is sheinn sgoilearan òran ann an Gàidhlig airson CD carthannas SAM, a' toirt taic dha ìobairtich mòr-thubaist Chernobyl.

Tha ceanglaichean Pan-Ceilteach gan neartachadh mar a tha an sgoil a' dèanamh ceanglaichean ri sgoiltean ann an Èirinn. Tha sgoilearan a' com-pàirteachadh ann an sgeama caraid-pinn ann an co-obrachadh le Gaelscoileanna ann an Corcaigh is Cill Airne. Bidh sgoilearan a' sgrìobhadh litrichean gu càch a chèile ann am Beurla agus ann an

Gaelige no Gàidhlig na h-Alba, a' leudachadh an sgilean sgrìobhaidh ann an dà chànan fhad 's a tha iad cuideachd a' leasachadh sgilean saoranachaidh mar phàirt de iomairt.

Adhartas a dh'ionnsaigh Prìomh Phuingeann Gnìomha.

Main point for action 1

Chomharraich a' chiad aithisg ceithir prìomh phuingeann gnìomha. Tha an earrann seo a' meas an adhartais a tha an sgoil air a dhèanamh anns gach prìomh raon sin agus a' mìneachadh nan adhartasan co-leantailteach a th' air a bhith gu buannachd sgoilearan taobh a-staigh na sgoile.

Dèiligeadh ri cùisean a bhuinneas don togalach mar a chaidh a shònrachadh san aithisg.

Tha an sgoil agus an roinn air deagh adhartas a dhèanamh a thaobh am moladh seo a choileanadh.

'S e ath-shuidheachadh na sgoile ùire le ullachadh airson ro-5, Bun-sgoil is Àrd-sgoil air seann làrach Àrd-sgoil Woodside prìomh leasachadh an stèidheachaidh. Tha baile Ghlaschu, le taic shusbainteach ionmhasail bho Riaghaltas na h-Alba, air prògram mòr ath-uidheamachaidh a ghabhail os làimh air Àrainn Taobh A' Choille (an seann Woodside Secondary). Tha an leasachadh ùr a' tabhann suidht ghoireasan fìor leudaichte gus dèanamh cinnteach gun tèid an t-iarrrtas airson foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a tha dol am meud sa bhaile, a libhrigeadh ann an àite freagarrach. An dèidh an sgrùdaidh, chaidh grunn leasachaidhean a choileanadh gu soirbheachail air làrach an t-seann Bhunsgoile. Chaidh prògram de clubaichean dinnearach a chruthachadh gus dùmhachd a lùghdachadh san raon-cluiche is bha iad air an deagh chleachdadh. Chaidh sgioban-aire raon-cluiche ath-shuidheachadh airson an àireamh inbhich a' cumail sùil air clann aig amannan pleidhe a bharrachadh. Tha siostaman ùra air an leasachadh a' cleachdadh chomharran-raoin gus am bi inntrigeadh dhan togalach, an dèidh pleidhe nas sàbhailte is nas òrdaile.

An dèidh tuilleadh àrdachaidh sna h-àireamhan ann an seisean 2005-06 chaidh sgrùdadh na clubaichean airson gum biodh barrachd inbhich san raon-cluiche a' cumail sùil is smachd agus le Pàirc a' Mhillenium, faisg air làimh, ga cleachdadh mar ghoireas leudachaidh airson ball-coise. Chaidh ball-basgaidean is cearcaill a thoirt a-steach airson cluiche fhreagarrach ann an Raon-cluiche Sràid Ashley.

Ghabh sgioba an luchd-obrach com-pàirt ann an seisean trèanaidh mu Ro-innleachd Ruigsinneachd Baile Ghlaschu is tha seo air ealantas an sgioba a thogail ann a bhith a' toirt air adhart sàr chleachdadh ann an leasachadh poileasaidhean sgoile mu

chleachdadh làraich. Nì an sgoil ùr, le rumannan mòra, lann lùth-chleas, leabharlann is solar coitcheann agus àite-cluich fìor leasaichte, cinnteach gum faigh an sgoil air leasachaidhean mòra a thaobh rumannan a choileanadh bhon Lùnastal 2006. Tha prìomh fhàirt air a bhith aig luchd-obrach na sgoile ann am planadh na làraich ùir. Tha an Ceann-sgoile air raon leudaichte de choinneamhan is tursan làraich a fhrithealadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' fìlleadh beachdan an luchd-obrach, na cloinne agus nam pàrantan dha na h-ìomairtean.

**Main point for
action 2**

Gus dèanamh cinnteach gum biodh mìneachadh nas fheàrr a thaobh uallach airson cùram agus sochair na cloinne ann an tachartasan nach robh air an ruith leis an sgoil.

Tha an sgoil air adhartas math a dhèanamh a thaobh am moladh seo a choileanadh.

Rinn An Ceann-sgoile sgrùdadh air solar is cleachdadh stèidhichte san roinn seo.

Chaidh soilleireachd a stèidheachadh co-cheangailte ri gnìomhan cultarail an dèidh na sgoile fo stiùir na Sgoile Gàidhlig. Rinn seo cinnteach gun robh fiosrachadh aig pàrantan mu na gnìomhan a bha fo ùghdarras buidhnean coimhearsnachd agus fo ùghdarras na sgoile. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air Bùird-brath na Sgoile, litir-naidheachd (Dè tha dol?) agus Leabhar-làimhe na Sgoile gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh gu pàrantan soilleir is iomchaidh. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air tachartasan Latha Inntigidh P1 gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman leithid clubaichean Sradagan air an deagh shanasachadh am measg phàrantan.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air modhan ullachaidh tursan sgoile agus thathas a' gnìomhachadh cheumnan airson cunnartan a mheasadh gus slàinte is sàbhailteachd sgoilearan is luchd-obrach a dhaingneachadh.

A thuilleadh air sin chaidh siostam ùr a stèidheachadh airson iomlaid a dhèanamh air fiosrachadh freagarrach cùraim treudach am measg luchd-obrach buntainneach. Thathas a' cumail suas Clàran Cùraim Treudach gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh ri làimh.

**Main point for
action 3**

Dòighean nas fheàrr fhaighinn airson comharrachadh agus taic do fheuman sònraichte ionnsachaidh na cloinne.

Tha an sgoil air deagh adhartas a dhèanamh a thaobh am moladh seo a choileanadh.

An toiseach ghabh tidsearan trèanadh os làimh airson sàr-chleachdadh ann an taic ionnsachaidh a leasachadh. Ghabh seo a-steach tursan sgrùdaidh gu sgoil eile, taic bho Sgioba Lionra Taic Ionnsachaidh agus ath-eagrachadh de shiostaman ceadachaidh is clàraidh. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air suidheachadh thargaidean dha sgoilearan sònraichte agus tha an dreach ùr a' toirt cothrom dhan luchd-teagaisg feumalachdan sgoilearan a shònrachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche. Tha na Luchd-taic nan Sgoilear (PSA) air tuilleadh trèanaidh a ghabhail os làimh cuideachd, a' gabhail a-steach ICT agus Foghlam Slàinte. Tha an sgrùdadh proifeiseanta bliadhna air leasachaidhean trèanaidh aontaichte, ann an cùisean co-cheangailte ri taic ionnsachaidh, dha gach neach-fastaidh taice, a ghabhail a-steach. Tha cothroman air a thoirt dha PSA cuideachd a bhith ag obair thar ìrean eadar-dhealaichte gus cuideachadh le an sgilean a leasachadh thar roinnean is ìrean curraicealaim. Tha sgoilearan air buannachadh bho siostam taice nas co-cheangailte sa sgoil. Tha dleastanasan nas minichte aig tidsearan-clasa, tidsearan-taice, cuidichean-taice agus aig Sgioba nan Àrd Stiùirichean, anns na siostaman-faire is smachd a tha a' toirt taic dha feumalachdan eadar-dhealaichte sgoilearan.

Tha tidsearan air tuilleadh trèanaidh a ghabhail os làimh ann an cùisean Taic Ionnsachaidh agus cumaidh am program-sa a' dol san ath sheisean.

Leanaidh an sgoil a' leasachadh ealantas ann an taic ionnsachaidh ann am plana-leasachaidh an ath-sheisein. Gabhaidh seo a-steach cudrom air riathanasan Achd Tuilleadh Taic dha Ionnsachadh agus Achd Lethbhreith nan Ciorramach.

**Main point for
action 4**

Dòigh nas sònraichte a chruthachadh airson obair na sgoile a mheasadh.

Tha an sgoil air deagh adhartas a dhèanamh a thaobh am moladh seo a choileanadh.

Tha an sgoil air tòiseachadh air sgrùdadh cudromach co-cheangailte ri cleachdadh is solar a' gabhail a-steach luchd-obrach, pàrantan is sgoilearan. Tha an sgoil a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo airson plana-leasachaidh seisean 2006-07 a chruthachadh.

Tha siostaman-faire ùra suidhichte gus dèanamh cinnteach gum bi buaidh aig ealantas is taic Àrd Stiùirichean air cleachdadh clasa. Tha tidsearan a' faighinn fiosrachadh sgrìobhte air planadh mar thoradh air tursan faire. Tha stòr-dàta de dheagh chleachdadh aig sgioba na sgoile a-nis is tha seo a' toirt cothrom dhan sgioba roinn nas èifeachdaiche a dhèanamh air ealantas is eòlas. Dh'aontaich an sgioba air cùisean cuimseach sònraichte airson fios air ais a' gabhail a-steach ro-innleachdan is modhan measaidh a thathas a' cleachdadh sa chlas.

Tha sgoilearan a' buannachadh bhon t-siostam leasaichte seach gu bheilear ag ath-sgrùdadh dòighean teagaisg air bunait colaisteach le sàr-chleachdadh ga sgaoileadh am measg an sgioba. Tha tidsearan a' fàs nas breithneachaile mun teagasg mar thoradh air a' mhodh-faire agus tha sgoilearan a' buannachadh bho phrògraman leasain a tha nas suimeil is nas freagarraiche dha buidhnean sònraichte sgoilearan.

Tha structar stiùiridh ùr na sgoile Gàidhlig air a bhith stèidhichte bhon Fhaoilleach 2006. Tha seo a' gabhail a-steach Ceann-sgoile iomlan airson an sgoil gu lèir agus Leas Cheann-sgoile (Bun-sgoile) is Leas Cheann-sgoile (Àrd-sgoile). Tha an àrd structar ùr a' toirt tuilleadh taic stiùiridh dhan sgioba is bheir seo buaidh leantainneach air èifeachdas an sgioba a thaobh a bhith a' meas obair fhèin.

Crìoch


'S i Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' chiad sgoil 3-18 tro mheadhan na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh. Thathas ag ullachadh làrach ùr an-dràsta airson an fhosglaidh san Lùnastal 2006 le sgioban ro-5, Bun-sgoile is Àrd-sgoile a' libhrigeadh curraicealam iom-fhillte farsaing tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha sàr-chleachdadh ann am foghlam dà-chànanach na phrìomh amas aig an togalach agus thathas air cothroman rannsachaidh a ghabhail os làimh ann an Alba is an Èirinn.

Tha an Àrd Sgioba Stiùiridh ùr is an structar suidhichte a-nis agus thathas a' cruthachadh sgioba àrd-sgoile leudaichte mean air mhean le ochd tidsearan ùra àrd-sgoile ann an dreuchd mar-thràth.

Tha an sgoil mar-thràth air tòiseachadh a' beachdachadh air cothroman airson modhan tàr-roinneil airson buannachd sgoilearan. Tha an Sgoil Ghàidhlig ùr a' tabhann fìor chothrom airson rèiteachadh èifeachdach eadar-ghluasadach agus eadraiginn curraicealaim thar nan roinnean. Bhiodh seo a' gabhail a-steach cothrom dha tidsearan bun-sgoile is àrd-sgoile a bhith ag obair air pròiseactan ann an roinn seach roinn.

Tha An Roinn a' freagairt an iarrtais leudaichte airson foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhaile ann an dòigh ùr-ghnàthach. Tha an t-seann Bhunsgoil Ghàidhlig agus an sgoil-ionaid, An Sgoil Ghàidhlig, air deagh adhartas a dhèanamh gu h-iomlan a thaobh coileanadh nam puingean-ghnìomha a bha ann an aithisg HMIE. Tha an t-Àrd Sgioba Stiùiridh ùr-shuidhichte agus an sgioba-teagaisg mòr-leudaichte brosnachta airson togail air an t-soirbheachadh seo agus airson dèanamh cinnteach gu lean Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na thaobh buadhail de dh'fhoghlam ann an Glaschu.



Ronnie O'Connor
Executive Director (Education, Training & Young People)
Glasgow City Council